

AN COMUNN GÀIDHEALACH

Comh-Fharpaisean agus Riaghailtean

MÒD IONADACH NA
DREÒLLAINNE

GU BHI AIR A CHUMAIL 'S AN

T-SÀILEAN MUILEACH

Di-ardaoin, an t-8mh là de 'n Òg-mhios,

1939

a' tòiseachadh aig 11.30 's a' mhaduinn



*“Ma chaireas an salann a bhlas,
ciod leis an saillear e?”*

Bithidh na comh-fharpaisean fosgalte dhaibh-san a mhàin a rugadh, no aig an robh an dachaидh o'n 8mh là de'n Mhàrt, 1939, am Muile, Ì, Ulbha, Tiriodh no Colla.

Fear-gairme na Comhairle:
Gill'-easbuig Mac-Pharlain.

Rùnair a' Mhòid Ionadaich:
An t-Urr A. D. Mac-Rath, Mànas an t-Sàilein Mhuilich.

Ionmhasair a' Mhòid:
Donnchadh Mac-an-Fhleisdeir.

Cumar
CUIRM-CHIÙIL
AN
TALLA AN T-SÀILEIN MHUILICH,
aig 8 uairean 's an fheasgar.

Tha sùil aig Comhairle a' Mhòid gu 'n toir luchd-buidhinn nam prìomh dhuaisean cuideachadh aig a' Chuirm-chiùil, agus luchd-seinn is luchd-ciùil cliuiteach eile maille riù.

LIBRARY
B. S. O.
314 85 MAO
SCOTLAND NATIONAL LIBRARY 1984

EARRANN NA H-ÒIGRIDH

(Fo shia bliadhna deug a dh'aois).

BEUL-AITHRIS.

1.—Leughadh earrainn de Rosg no Bàrdachd, le muinntir aig a' bheil a' Ghàidhlig mar an cainnt dhùth-chasach. Ullaichidh an luchd-farpais trì earrannan.*

Duaisean—Leabhairchean as fhiach 5s.; 3s. 6d.;
2s. 6d.

1938—Seònайд Nic-Crithein.

Neil
Betty
Jack

2.—Leughadh earrainn de Rosg no Bàrdachd, le muinntir a tha ag ionnsachadh na Gàidhlige. Ullaichidh an luchd-farpais a' cheud earrann de'n Rosg agus de'n Bhàrdachd.*

Duaisean—Leabhairchean as fhiach 5s.; 3s. 6d.;
2s. 6d.

1938—Seònайд Nic-Dhòmhnuill.

3.—Leughadh air a' Cheud Shealladh earrainn de Rosg Gàidhlig, a théid a thaghadh leis na Breitheamhnan air là a' Mhòid.

Duaisean—Leabhairchean as fhiach 5s.; 3s. 6d.;
2s. 6d.

1938—Dòmhnuill Mac-Coinnich.

4.—Ùr-aithris air Mheomhair, “Am Flùran” (Am Fear-Ciùil).*

Duaisean—Leabhairchean as fhiach 5s.; 3s. 6d.;
2s. 6d.

1938—Seònайд Nic-Crithein.

(COMUNN NA H-OIGRIDH)

COMH-FHARPAISEAN SONRAICHTHE.

5.—Còmhradh (Trì mionaidean), air cuspair a thaghas an Comh-fharpaiseach ; eadar e fhéin agus am Breith-eamh. Feumaidh a' chuid as mothà de'n bhruidhinn a bhi aig a' chomh-fharpaiseach.

Duaisean—Trì, luach mu thimchioll 7s. 6d. ; 5s. ; 2s. 6d.

1938—*Sine Nic-Uaraig.*

6.—Dealbh-Chluich. Aon de'n trì, "Tea a Nasgaidh," "A' Chlann fo Gheasaibh," no "Dealbh mo Sheanar"; no dealbh-chluich eile nach gabh ach dà mhionaid dheug r'a cluich. Faodar aon 's am bith de'n trì a dh'ainmicheadh iarraidh bho Sheòras Marjoribanks, Sonachan, an Dàil-Mhailidh, Earraghàidheal.

Duaisean—(1) £2; (2) £1. Tha an t-airgiot r'a chur gu creideas na Feachd a choisneas e

1938—"An uinneag fhosgailte."

GUTH-CHEÒL.

7.—Oran-aon-neach ; an roghainn fhéin : Balachain agus caileagan fo aona bliadhna deug a dh'aois.

Duaisean—Leabhraichean as fhiach 7s. 6d. ; 5s. ; 2s. 6d.

1938—*Ciorsdan Nic-Laomuinn.*

8.—Oran-aon-neach ; an roghainn fhéin : balaich os cionn aona bliadhna deug ach fo shia bliadhna deug a dh'aois.

Duaisean—Leabhraichean as fhiach 7s. 6d. ; 5s. ; 2s. 6d.

1938—*Iain Gill-easbuig Mac-Fhionghuin.*

9.—Oran-aon-neach ; an roghainn fhéin : caileagan os cionn aona bliadhna deug ach fo shia bliadhna deug a dh'aois.

Duaisean—Leabhraichean as fhiach 7s. 6d. ; 5s. ; 2s. 6d.

1938—*Cairistiona Nic-Ceallaich.*

10.—**Seinn-aon-neach**; Am balach no a' chaileag a's fheàrr a sheinneas Dàn Spioradail 's am bith a tha air a chur a mach anns "An Laoidheadair" (1935) le Eaglais na-h Alba.

Duaisean—Leabhairchean as fhiach 7s. 6d. ; 5s.

11.—**Oran-càraig**. A'chàraig as fheàrr agus as coimhlionta a sheinneas còmhla, ann an rian dà-fhillte, an t-òran, "Miann an Eilthirich" (*Orain a' Mhòid XVI.*)

Duaisean—Leabhairchean as fhiach 10s. ; 7s. ; 5s.

12.—**Seinn Órain ann an Comh-sheirm**; air son Chòisirean-òigridh. Is iad na h-òrain a chaidh a thaghadh. "Am Fiadh," agus "Seinneam cliù nam fear ùr."*

Duaisean—£1 ; 12s. 6d. ; 7s. 6d.

13.—**Seinn-aon-fhuaimneach**, air son Chòisirean-òigridh. Is iad na h-òrain a chaidh a shònachadh "'S i luaidh mo chagair, Mórag," agus "Minim air a' ghille bheag."**

Duaisean—£1 ; 12s. 6d. ; 7s. 6d.

14.—**Seinn-aon-fhuaimneach**, air son Chòisirean-òigridh, o sgoil 's am bith anns nach 'eil thairis air dà sgoilear dheug. Is iad na h-òrain a chaidh a shònachadh "Caol Muile" agus "Mo Chùbhrachan."

Duaisean—12s. 6d. ; 7s. 6d.

*Gheibhear iad so o'n Rùnair Ionadach, an t-Urr A. D. Mac-Rath, Mànas an t-Sàilein Mhuilich, Àros.

N.B.—Dùinear an clàr-eagair air a' chóigeamh là fichead de'n Chéitean 1939.

EARRANN NAN INBHEACH

LITREACHAS.

Donald 15.—Oidhirp-litreachais mu ni 's am bith a thachair an eachdraidh Ionad a' Mhoid, no mu àite sònraichte air bith 's an Ionad sin.

Duaisean—15s.; 10s.

1938—*Anna Nic-Rob.*

Donald 16.—Comh-chruinneachadh Ainmeannan-àite, a buineas do chuid air bith de Ionad a' Mhoid, le brìgh nam falalair tÙS; a réir eachdraidh no beul-aithris. Gabhar suim shònraichte do ainmeannan nach 'eil ri 'm faicinn air cairt-iùil.

Gheibhearr pàipearan sònraichte air son na comh-fharpaiso so o'n Rùnair Ionadach.

Duaisean—15s.; 10s.

1938—*Cairistiona Nic-Ceallaich.*

Donald 17.—Sgeul Goirid anns a' Ghàidhlig air cuspair 's am bith.

Duaisean—15s.; 10s.

1938—*Dòmhnull Caimbeul.*

18.—Duan mu 'n chuspair “Óran Fhinn Mhic-Cumhail 's e 'dol thairis gu Nirribhidh” (Captains Courageous, le R. Kipling).

Duais—10s.

(Feumaidh a h-uile obair sgriòbhhta a bhith an làmhan an Rùnair Ionadaich roimh 'n 5mh là fichead de'n Chéitean).

BEUL-AITHRIS.

Donald 19.—Leughadh earrainn de Rosg Gàidhlig a théid a thaghadh leis na Breitheamhnan là a' Mhoid.

Duaisean—7s. 6d.; 5s.; 2s. 6d.

1938—*Céit Nic-Fhionghuin.*

D.J. 20.—Ùr-aithris air Mheomhair; eadar fichead agus leth-cheud sreach (roghainn a' chomh-fharpaisich).

Duaisean—7s. 6d.; 5s.; 2s. 6d.

1938—*Sine Nic-Uaraig.*

21.—Còmhradh-dithis. Roghainn nan comh-fharpaiseach.
Duaisean—15s. ; 10s. ; 5s.

22.—Sgeulachd air a h-aithris a réir an t-seann nòis.
Duaisean—7s. 6d. ; 5s. ; 2s. 6d.
1938—*Sine Nic-Uaraig.*

GUTH-CHEOL.

23.—Óran-aon-neach ; seinn òrain Ghàidhlig, nach robh riamh an clò, a réir an t-seann nòis, le boirionnaich no firionnaich.

Duaisean—10s. ; 7s. 6d. ; 5s.

1938—*Tearlach Dòmhnullach.*

24.—Óran-aon-neach ; seinn òrain Ghàidhlig, a bhuineas do ionad a' Mhòid (boirionnaich no firionnaich).

Duaisean—10s. ; 7s. 6d. ; 5s.

25.—Óran aighealach ; an roghainn fhéin (boirionnaich no firionnaich).

Duaisean—10s. ; 7s. 6d. ; 5s.

26.—Óran-aon-neach ; boirionnaich. An roghainn féin.

Duaisean—10s. ; 7s. 6d. ; 5s.

1938—*Anna Nic-Gilleathain, Achadh-Rainich.*

27.—Óran-aon-neach ; firionnaich. An roghainn fhéin.

Duaisean—10s. ; 7s. 6d. ; 5s.

28.—Óran-aon-neach ; seinn an Órain-Mhóir. “Óran Mór Mhic-Leòid” (Órain a' Mhòid XVI). Boirionnaich.

Duaisean—10s. ; 7s. 6d. ; 5s.

29.—Óran-aon-neach ; seinn an Órain-Mhóir, “Iain Caimbeul a' Bhanca” (Órain a' Mhòid XVI). Firionnaich.

Duaisean—10s. ; 7s. 6d. ; 5s.

30.—**Oran-càraig.** An roghainn fhéin.

Duaisean—15s. ; 10s. ; 7s. 6d.

31.—**Seinn an Órain Cheathair,** “‘S i mo leannan an té ùr’’
(Leabhran a' Mhòid).

Duaisean—15s. ; 10s. ; 7s. 6d.

32.—**Seinn an Comh-Sheirm** ; (firionnaich), “Màiri Bhàn
Óg” (Còisir a' Mhòid I.) agus “'Mhuinntir a'
Ghlinne so” (Còisir a' Mhòid II.)

Duaisean—£1 10s. ; £1 ; 10s.

33.—**Seinn an Comh-Sheirm;** “Till, till, Òigh mo rùin,” agus
“Nunn do Mhuile” (Coisir a' Mhòid II.)

Duaisean—(1) £1 10s., agus bliadhna de “Sgiath
Mhuileach”; (2) £1 ; (3) 10s.

34.—**Seinn Aon-fhuaimneach** ; “Gur moch rinn mi dùsgadh”
agus “Muile nam mòr-bheann” (A' Chòisir-Chiùil).

Duaisean—£1 ; 15s. ; 10s.

N.B.—Dùinear an clàr-eagair air a' chóigeamh là ficead de'n Chéitean
1939.

RIAGHAILTEAN AGUS CÙMHNANTAN.

1. Feumaidh na comh-fharpaisich anns gach earrainn de'n chlàr-eagair an ainmeannan a chur a dh' ionnsuidh Rùnair a' Mhòid Ionadaich roimh 'n 5mh là fichead de'n Chéitean, 1939. Feumar gach ni anns na comh-fharpais-ean sgrìobhta a chur a dh' ionnsuidh an Rùnair Ionadaich roimh 'n là sin.
2. Cha ghabhar ri ainmeannan no ri obair-sgrìobhta a chuirear a steach an déidh a' 5mh là fichead de'n Chéitean, 1939.
3. Chan 'eil ni 's am bith aig na comh-fharpaisich r' a dhìoladh an earrainn 's am bith de'n chlàr-eagair.
4. Feumaidh gach ni a sgrìobhar, a labhrar, no a sheinnear leis na comh-fharpaisich a bhith ann an Gàidhlig.
5. Cuirear bacadh air comh-fharpaiseach air bith a chleachdas eadar-theangachadh o'n Bheurla no o chainnt air bith eile: cha bhuin an Riaghailt so do Chomh-fharpais 10, no do Chomh-fharpais 16.
6. Cuirear bacadh air comh-fharpaiseach a sheinneas no a chluicheas fuinn nach 'eil de fhior ghnè Ghàidhealaich: cha bhuin an Riaghailt so do Chomh-fharpais 10.
7. Cha sheinn Comh-fharpaisich (Òigridh) Aon-ghuth os cionn dà shreath dheug, no sia sreathan deug far am bheil séist ris an òran. Cha sheinn Comh-fharpaisich Inbheach Aon-ghuth os cionn dà dhusan sreath.
8. Faodaidh na Breitheamhnan òrdugh a thoirt do chomh-fharpaiseach sguir a leughadh, a dh' aithris, a dh' innseadh sgeulachd, no a sheinn, aig àm 's am bith.
9. Faodaidh a' Chomhairle Shònraichte gun dara duais a thoirt seachad far nach bi triùir chomh-fharpaiseach, agus gun treas duais a thoirt seachad far nach bi ceathrar chomh-fharpaiseach.

10. Chan fhaod Leughadh no Ùr-aithris a bhith na's fhaide na còig mionaidean. Tha deich mionaidean air an ceadachadh air son Sgeulachd no Còmhraidi.
11. Tha 'n cead fhéin aig Comh-fharpaisich ann an Guth-Cheòl a thaobh cuideachadh inneil-chiùil, ach cha n'eil a' Chomhairle a' deanamh ullachaidh 's am bith air son a leithid sin.
12. Feumaidh ochdnar, air a' chuid as lughá, agus gun os cionn còig-ar-fhichead, a bhith anns gach Còisir.
13. Feumaidh comh-fharpaisich ann an Earrann na h-Òigridh de 'n chlàr-eagair a bhith fo 'n aois ainmichte, aig àm a' Mhòid; cha bhuin an Riaghait so do Chomh-fharpaisich ann an Comh-fharpaisean sònraichte Comunn na-h Òigridh.
14. Chan fhaod muinntir a bhuidhinn a' chiad no an dara duais aig a' Mhòd Mhór a bhith 'n an comh-fharpaisich anns a' cheart chomh-fharpais aig a' Mhòd Ionadach. Cha bhuin an Riaghait so do Chòisirean no do chàraidean.
15. Cha cheadaichead do neach air bith, a bhuidhneas a' chiad duais gu soilleir aig Mòd na Dreòllainne dol a steach do 'n aon chomh-fharpais car aon bhladhna eile; cha bhuin so do Chòisirean no do chàraidean.
16. Feumaidh muinntir a bhuidhinn duaisean cuideachadh aig a' Chuirm-chiùil an déidh a' Mhòid, ma dh' iarras an Rùnair Ionadach orra sin a dheanamh.
17. Feumaidh gach obair sgriobhta a bhith fo ainm-falaich a' chomh-fharpaisich; agus feumaidh an comh-fharpais-each ainm-falaich a chur air an duilleig shònraichte maille r' a ainm fhéin.

18. SANAIS-GHRABAIDH. Feumar sanais-ghrabaidh an aghaidh luchd-farpais a chur a dh' ionnsuidh an Rùnair Ionadaich mu 'm bi binn nan Breitheamh air a cur an céill; no, ma ghabhas e deanamh, mu 'n tòisich a' chomh-farpais. Feumaidh iad a bhith sgriobhta, agus feumaidh iad nochdadh gu soilleir ciod an riaghailt a bhrisear agus am bonn air a' bheil am bacadh air iarraigdh. Feumar leth-chrùn a chur leis gach litir-ghrabaidh; théid a chur air ais ma théid aontachadh le iarrtas na litreach, ach, mur faighear diligheach, ceart e, cumar an leth-chrùn mar ùmhlaadh. Cha ghabhar ri sanais-ghrabaidh ach a mhàin o mhuinntir a tha iad-fhéin a' gabhail pàirte anns a' chomh-farpais shònraichte d' am buin am bacadh.

SANAS.—Feumaidh Breitheamhnan na càname agus Breith-eamhnan a' chiùil am binn a thoirt a mach an òraíd, cho luath 's a chriochnaichear gach comh-farpais no earrann de 'n chlàr-eagair.

Faodar na sanasan agus na duilleagan-inntrinn' so 'fhaotainn o Rùnair a' Mhòid Ionadaich, Mànas an t-Sàilein Mhuilich, Àros.

Mac na Cearda agus Mac Phàdruig,
Clódh-bhualadairean,
An t-Òban Lathurnach.